



Eadar-ghluasad Cothromach airson Còmhdhail




Dreach a tha Furasta a Leughadh

Fiosrachadh Farsaing



Chaidh am pàipear seo ullachadh gus ar cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri atharraichean a tha a' tachairt air sgàth suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde.



'S e a th' anns a' ghnàth-shìde, an t-sìde ris a bheil sinn an dùil gach bliadhna. 'S e a th' ann an suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde, suidheachadh sa bheil a' ghnàth-shìde ag atharrachadh ro luath agus sin a' dèanamh cron air an àrainneachd.




Feumaidh a h-uile duine cuideachadh gus smachd a chumail air atharrachadh na gnàth-shìde. Feumaidh sinn a bhith deiseil airson na thachras agus tha beachdan ùra a dhìth gus cùisean atharrachadh.




Le Plana airson Eadar-ghluasad Cothromach, tha sinn ag iarraidh gun tig piseach air cùisean san àrainneachd agus do dhaoine. Tha am plana a' beachdachadh air mar as urrainn dhuinn cùisean a dhèanamh nas cothromaiche fhad 's a tha sinn a' lùghdachadh nan gasaichean a tha ag adhbharachadh atharrachadh na gnàth-shìde.



Airson a bhith cothromach, feumaidh daoine pàirt a ghabhail ann a bhith ag ullachadh nam planaichean seo.



Tha còmhdhail cudromach do dhaoine. Ach faodaidh tòrr ghasaichean millteach tighinn bho chòmhdhail a bheir air a' ghnàth-shìde atharrachadh aig astar ro luath agus a nì cron air an àrainneachd. Bidh a' mhòr-chuid de na gasaichean sin a' tighinn bho chàraichean.



Feumaidh sinn na dòighean sa bheil sinn a' siubhal atharrachadh feuch nach bi sinn a' sgaoileadh uiread de na gasaichean seo. Cha bu chòir dhuinn a bhith a' cleachdadadh chàraichean cho tric agus bu chòir dhuinn seirbheisean còmhdhail poblach a chleachdadadh nas trice. Nì coiseachd is baidhsagalachd feum cuideachd.



Tha Riaghaltas na h-Alba air iomairtean a chur an sàs gus nas lugha ghasaichean millteach a sgaoileadh bho chòmhdhail agus gus dòighean siubhail dhaoine atharrachadh. Mar eisimpleir:



- A' dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean (leithid bhùithlean, dotairean msaa) nas fhaisge air daoine, gus nach fheum iad siubhal ann an càr



- Sgeama far a bheil am bus an-asgaidh do thòrr dhaoine
- Airgead airson sheirbheisean feuch gun urrainn do dhaoine coiseachd no baidhsagal a chleachdadadh
- Goireasan-dealain poblach airson charbadan-dealain nach bi a' sgaoileadh ghasaichean millteach.

Còmhdhail is siubhal san àm ri teachd



Tha e na amas dhuinn airson 2040, ma tha daoine airson siubhal, gun urrainn dhaibh busaichean is trèanaichean a chleachdad, siubhal ann an càr còmhla ri daoine eile, coiseachd, falbh ann an sèithear-cuibhle no air baidhsagal. Bu chòir gun dèan iad an gnothach leis na roghainnean sin.




Cha chleachd daoine càraichean cho tric. Bidh seirbheisean còmhdhail poblach nas sàbhailte, nas saoire, so-ruigsinn, agus bidh e furasta an cleachdad airson gach seòrsa turais. Bidh ar siostam còmhdhail nas cothromaiche. Bu chòir gum freagair e air feumalachdan dhaoine.



Chan eil uiread roghainnean siubhail aig coimhairsnachdan dùthchail is eileanach. Cumaidh iad orra a' cleachdad chàraichean, ach cleachdaidh iad feadhainn nach bi a' sgaoileadh ghasaichean millteach – leithid chàraichean-dealain.



Faodaidh cùisean a bhith doirbh ann an cuid a cheàrnaidhean de na bailtean-mòra. Faodaidh coimhairsnachdan a bhith nas bochda, le nas lugha roghainnean siubhail. Tha e nas buailtiche gun toir sin buaidh air daoine tha fo anacothrom mu thràth, leithid daoine air a bheil ciorram, boireannaich, agus cuid a bhuidhnean cinneachail.



Bidh cùisean nas cothromaiche ri linn eadar-ghluasad cothromach.

Co-chonaltradh mu phlana airson eadar-ghluasad cothromach



Tha sinn ag iarraidh cluinntinn bho na daoine air an toir na h-atharraichean seo, a thaobh siubhal is còmhdhail, a' bhuaidh as mothà.

Tha sinn cuideachd airson cluinntinn bho dhaoine a tha ag obair ann an roinn na còmhdhail (leithid mheacanaigean, dràibhearan-bus, einnseanairean msaa).

Bonn còmhraidih 1. Dè na priomh rudan a bu chòir a bhith sa phlana airson eadar-ghluasad cothromach?

Builean a thig bho Eadar-ghluasad Cothromach


Tha 4 seòrsaichean bhuilean againn. Tha iad a' sealltainn na tha sinn ag iarraidh a choileanadh le Plana airson Eadar-ghluasad Cothromach.

1. Obraichean, Sgilean is Cothroman Eaconamach




- Obraichean ùra is cothromach ann an seirbheisean còmhdhail.
- Bidh daoine a tha ag obair ann an còmhdhail a' buntainn ri gach pàirt dhen chomann-shòisealta.
- Bidh Alba am measg nan dùthchannan as fheàrr a thaobh a bhith a' lùghdachadh ghasaichean millteach an lùib còmhdhail.

2. Coimhearsnachdan is Àiteachan




- Bidh ceanglaichean matha aig is eadar coimhearsnachdan – 's urrainn do dhaoine siubhal gu na h-àiteachan gu bheil iad ag iarraidh a dhol. Bidh coimhearsnachdan faisg air seirbheisean ionadail, mar sin cha bhi uiread feum air goireasan còmhdhail.
- Bidh ceanglaichean matha eadar na h-eileanan agus tìr-mòr.
- Bidh coimhearsnachdan a' gabhail pàirt ann an co-dhùnайдhean mu chùisean còmhdhail.

3. Daoine is Cothromachd



- Bidh na roghainnean is seirbheisean còmhdhail nas fheàrr agus nas sàbhailte. Bidh iad so-ruigsinn agus cha bhi iad ro dhaor do dhaoine.
- 'S urrainn do dhaoine, aig nach eil uiread airgid, goireasan siubhail a tha nas fheàrr dhan àrainneachd a chleachdadadh.
- Bidh daoine nas fhallaine, seach gum bi iad nas èasgaidh.

4. An Àrainneachd



- Bu chòir seirbheisean còmhdhail a bhith nas fheàrr dhan àrainneachd.
- Bidh a h-uile duine air an dòn bho èadhar thruaillte.
- Bidh sinn deiseil airson dian-shìde agus bidh e sàbhailte goireasan còmhdhail a chleachdad anns gach seòrsa sìde.
- Cruthaichidh sinn nas lugh a ghasaichean millteach nuair a bhios sinn a' togail charbadan is a' ruith sheirbheisean còmhdhail.

Bonn còmhraidih 2. A bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil na builean seo ceart airson roinn na còmhdhail?

Bonn còmhraidih 3. A bheil dad eile a bu chòir a bhith ann nach do chuir sinn ann?

Buinn chòmhraidih

Seo beagan phuingean a tha, nar beachd-ne, glè chudromach.

Puing 1: A' lùghdachadh neo-ionannachd is gun a bhith a' cleachdadadh chàraichean uiread.




Feumaidh sinn an uiread 's a tha sinn a' cleachdadadh de chàraichean a lùghdachadh. Feumaidh sinn sin a dhèanamh ann an dòigh chothromach.



Faodaidh e a bhith dona dhuinn a bhith a' cleachdadadh chàraichean agus dona dhan àite far a bheil sinn a' fuireach. Faodaidh càraichean a bhith cunnartach, 's dòcha nach bi daoine cho èasgaidh ma chleachdas iad càr agus faodaidh càraichean truailleadh-fuaime adhbharachadh. Faodaidh sin barrachd buaidhe a thoirt air cuid a dhaoine seach feadhainn eile.


Chan eil uiread roghainnean aig cuid a dhaoine a thaobh còmhdhail, leithid dhaoine air a bheil ciorram agus daoine ann an sgìrean dùthchail.



Obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ris a h-uile comhairle gus an uiread 's a tha dhaoine a' cleachdadadh de chàraichean a lùghdachadh agus gus barrachd airgid a chosg air còmhdhail phoblach agus dòighean siubhail èasgaidh.

Bonn còmhraidih 4. Ciamar a nì sinn atharraichean a tha cothromach?

Puing 2: Dòighean-siubhail eile an àite chàraichean



Bidh e doirbh do chuid a dhaoine gun a bhith a' cleachdadhan càr cho tric. Dh'fhaodadh nach eil e furasta dhaibh seirbheisean còmhdhail poblach a chleachdadhan air diofar adhbharan: cosgais, sàbhailteachd, far a bheil na seirbheisean, chan eil iad cho so-ruigsinn no cho math 's a dh'fhaodadh iad a bhith.



Feumaidh sinn seirbheisean còmhdhail poblach a leasachadh agus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' coiseachd no a' cleachdadhan baidhsagal. Feumaidh roghainnean eile a bhith aig daoine, leithid sgeamaichean gus càraichean a chleachdadhan còmhla no busaichean a thig a rèir iarrtais.

Bonn còmhraidh 5. Ciamar as urrainn dhuinn a dhèanamh nas fhasa do dhaoine dòighean-siubhail eile a chleachdadhan an àite chàraichean?

Puing 3: Cothroman a thig bho ionmhas is beachdan ùra



'S iomadh neart a th' aig Alba. Nam measg tha mar a tha sinn a' stòradh cumhachd, loidhnichean-rèile 'uaine', agus carbadan a chleachdas ceimigean. Bidh beachdan ùra a dhìth.

Bonn còmhraidih 6. Ciamar a ghabhas sinn na cothroman gus cùisean a dhèanamh nas fheàrr? Mar eisimpleir, beachdan ùra, sgilean ùra, agus ionmhas?

Puing 4: Na sgilean is obraichean a tha dhìth airson còmhddhail




Cha bhi feum air cuid a dh'obraichean tuilleadh san t-siostam chòmhddhail ùr. Feumaidh obraichean ùra is matha a bhith againn san t-siostam ùr. Bidh feum aig na daoine sna h-obraichean sin air sgilean gus an obair aca a dhèanamh.



Bidh cothrom aig daoine air sgeamaichean far an ionnsaich iad na sgilean ùra sin. Bidh na sgeamaichean a' tarraiging dhaoine bho air feadh a' chomainn-shòisealta. Bidh cothrom aig daoine a tha fo anacothrom orra.

Bonn còmhraiddh 7. Ciamar a fhritheileas sinn, ann an dòigh chothromach, air an iarrtas a bhios ann airson obraichean is sgilean fhad 's a tha an t-eadar-ghluasad seo a' tachairt ann an roinn na còmhdhail?

A' cumail sùil air adhartas



Tha amasan àrda a dhìth ma tha sinn a' dol a dhèanamh atharraichean air roinn na còmhdhail. Feumaidh sinn a bhith soilleir a thaobh na tha sinn ag iarraidh a dhèanamh. Feumaidh sinn deagh rian a chumail air a' phlana. Tha e cudromach gun cùm sinn sùil air adhartas, feuch am bi fios againn air mar a tha a' dol dhuinn.

Bonn còmhraiddh 8. Dè tha sibh a' smaoineachadh a tha cudromach nuair a tha sinn a' cumail sùil air adhartas?

Bonn còmhraiddh 9. Cò ris a bhios soirbheachas coltach, nur beachd-se?